

# Seanchas Ìle

## TASG-LANN DUALCHAIS

### A' triseadh coinnteach

LM: Lena McKeurtan

EE: Emily Edwards

LM: Uill, bha sinn a' triseadh coinnteach, *sphagnum moss*, 's e am fear as fhèarr agus tha e bog is tha e gasda. Ghabhadh e mòran uisge, cumaidh e mòran uisge.

EE: Seadh.

LM: Agus bha sinn a' triseadh sin airshon a' chogadh mu dheireadh... 'S e Mrs S-----, bha ise a' triseadh, shuas aig a' chaisteal shuas aig *Dunlossit*.

EE: Uh-huh.

LM: Bha ise...thug i dhuinn àite shuas ann an *Dunlossit*...aon de na *outhouses*, chan eil cuimhne 'am dè bha iad a' dèanadh ris a' seo ach bha seo againn agus bha bùird a' seo agus bha sinn...bha *sheetaichean* glan thairis a' seo agus bhiodh sinn a' toirt na *cars* suas gus monadh Caoineag Airigh, tha sin mu ceithir mìle bho Baile a' Ghràna

EE: O seadh.

LM: Suas aig a' triseadh a' choinnteach a' sin agus gan cuir ann an, uill, rud sam bith, bagaichean no basgaidean no rudeigin is a' sin gan toirt dhachaidh agus a' dol suas gus *Dunlossit* a' seo agus gan cuir a-mach air na bùird seo agus bha sinne gan piucadh a-mach piosaichean cruaidh a bhiodh ann.

EE: Seadh uh-huh.

LM: Agus ga tioramachadh, fhios 'ad, bha e gasda bog...Bha bagaichean le *linen* no *cotton* no dè bh' ann agus bhithinn a' lìonadh na bagaichean seo leis a' choinnteach seo agus bhiodh e airson *bandages*.

EE: Seadh.

LM: *Bandages* airson, tha mi a' smaoinichadh gun e fuil a' [t]ruseadh, bha e *porous*...

EE: Tha mi a' tuigsinn, tha.

LM: Chan e *bandages* beag *fine*, rudan beaga ach *pads*, bha iad...cosail ri *pads*...Shin agad an *job* a bha sinne a' dèanadh, cha robh sinn a' gabhail gnothach leis gan cuir air falbh is ise a bha gan cuir air falbh no ge be cà' robh iad a' dol. Chan eil fhios 'm cà' robh iad a' dol.

EE: Is co mheud a bha ga dhèanadh?

LM: Dè bha sin?

EE: Cò bha ga dhèanadh? Is co mheud?

LM: Uill och, bhiodh dh'fhaoidte deichnear mnathan a' triseadh a' seo. 'S e duine sam bith a bha deònach cuideachadh, rachadh iad ann. Agus bha an t-àite seo aigesan, *outhouses*...tha mi a' smaoinichadh gun e àite far am biodh na...b' àbhaist o chionn fada bha *cars* aca is *chauffeurs* is a h-uile seòrsa aca is daonnan na dràibhearain a bha a' fuireach shuas anns na h-àiteachan sin anns na *bothies*...Agus anns na h-àiteachan sin, b'è dìreach nan seòmraichean mòra coltach ris seann *sheds*...Bhiodh na bùird aigesan, thoirinn bùird...dìreach na bùird mòra fiodh, dìreach air an dèanadh le, tha *chance* gun e saor a bha ag obair ann an Baile a' Ghràna, uill airson *Dunlossit*. Agus 's dòcha gun e iadsan a dhèanadh na bùird seo airson Mrs S-----, tha fhios 'ad, airshon bha coinnteach na laighe orra a-mach gus an tioramachadh e agus gus am faigheadh tu na criomagan beaga. Tha coinnteach eile cruaidh, mar [nuair] a dh' fhàsas e tioram tha e cruaidh stobach ach *sphagnum moss*, tha e gasda bog. Sin agad e...an aon rud a bha sinn a' cumail bha a h-uile mìr eile air leagail air falbh.

EE: Aidh, chuala mi gun robh e ag obair glè mhath, gun robh e *really* math airson *wounds* is rudan.

LM: 'S e. Bha e math airshon...dìreach *pad porous*, tha fhios 'ad. Dh' fhàg e uisge, cha robh e a' tuiteam a-mach às. Bha e *spongy*, tha fhios 'ad, is gleidheadh e an t-uisge. Och bha sin, ghabhadh e bliadhnaichean, cho fada 's a bha a' chogadh ann. Agus tha mi a' smaoinichadh gun robh iad ga dhèanadh rathadachan eile cuideachd, bha ise, Mrs S----- bha rudeigin aicese leis an *Red Cross*.

EE: O *right*.

LM: Agus sin agad an t-obair bha i dèanadh.